



# THA ALBA AG ATHARRACHADH



HM Government

# I TÒISEACHADH ÙR

Tha cumhachdan ùra a' tighinn gu Pàrlamaid na h-Alba.

Chaidh na cumhachdan ùra sin aontachadh agus a ghealltainn leis na còig prìomh phàrtaidhean poilitigeach ann an Alba.

Ni iad Taigh an Ròid mar aon de na pàrlamaidean fèin-riaghlaidh as cumhachdaiche san t-saoghal.

Tha Riaghaltas na RA gu bhith ag atharrachadh na lagha gus am bi raon de chumhachdan ùra a' toirt a-steach cìs ùr, sochair ùr agus cumhachdan bhòtaidh ùra air an cumail le Pàrlamaid na h-Alba.

Bidh buannachdan fhathast aig muinntir na h-Alba a bhith nam pàirt de dh'eaconomaidh mhòr na RA, le Not na RA, peinnseanan na RA agus cairtean-siubhail na RA. Bidh sinn fhathast nar saoranaich den RA le siostam dìon làidir agus le buaidh aig ìre cruinne.

Ge 'r bith dè an aois a tha thu no càite a bheil thu a' fuireach, tha a bhith nad phàirt den Rìoghachd Aonaichte a' ciallachadh gum bi sinn a' cur ar goireasan còmhla agus gu roinneadh.

Tha e cuideachd a' ciallachadh gum bi eaconomaidh mhòr is fharsaing na RA a' leantainn oirre a' dìon Alba bho thachartasan obann leithid lùghdachadh prìs an ola o chionn ghoirid, no am feum air bancaichean a shaoradh bho èiginn ionmhais. Bheir feachdan làidir na RA cuideachd barrachd tèarainteachd do theaghlaichean ann an saoghal neo-chinnteach.

[Pàrlamaid nas làidire. Àm ri teachd aonaichte. Air a togail gu bhith seasmhach.](#)

# I AN LEABHRAN SEO.

Tha e cudromach dhuinn uile gum bi fios againn dè na cumhachdan ùra a tha an sin. Tha an leabhran seo a' mìneachadh nam prìomh atharrachaidhean agus a' dearbhadh nan rudan bhom faigh sinn buannachd leantainneach mar phàirt de theaghlach na RA.

Tha seo mu bhith a' lorg an cothromachadh a tha ceart dha Alba.

Ma tha e nas fheàrr gun tèid co-dhùnadh a dhèanamh ann an Alba, is e sin a thachras. Agus far a bheil e ciallach cunnartan agus cosgaisean a roinneadh leis a' chòrr den RA, gus ar cumail sàbhailte is làidir, tachraidh sin cuideachd.

Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla mar Rìoghachd Aonaichte gus barrachd chothroman obrach a sholarachadh, gus cuideachadh a thoirt dhaibhsan as motha aig a bheil feum air agus gus gach pàirt den RA a dhìon.

Mar thoradh air na h-atharrachaidhean sin, bidh Pàrlamaid na h-Alba ag obair nas fheàrr dhuinn uile agus do ar teaghlaichean, fad ar beatha.



# NA TRÀTH- BHLIADHNAICHEAN.

Tha timcheall air 150 pàiste gam breith gach latha ann an Alba far a bheil Pàrlamaid na h-Alba mu-thràth le uallach airson NHS na h-Alba agus siostam foghlaim na h-Alba. Chan atharraich seo.

Fàsaidh ar cuid chloinne suas ann an Alba far an tog Taigh an Ròid a' mhòr-chuid den airgead a chosgas iad, tro chìsean sònraichte Albannach.

Agus leanaidh Riaghaltas na RA orra a' pàigheadh sochair chloinne do na teaghlaidhean as motha aig a bheil feum air.



## I DAOINE ÒGA.

Tha cumhachdan ùra a' ciallachadh gum faod feadhainn a tha 16 is 17 bliadhna a dh'aois ann an Alba bhòtadh ann an taghaidhean Taigh an Ròid.

Tha a bhith mar phàirt de eaconomaidh mhòr an RA a' solarachadh chothroman obrach math dha daoine òga ann an Alba.

Nuair a shiubhlas iad air feadh an t-saoghail bidh cead-siubhail na RA aig na daoine òga againn, a bheir dhaibh airidheachd air cuideachadh bho ambaasaiden na RA.

## I OBAIR AGUS BEATHA TEAGHLACH.

Tha a' mhargaid obrach shingilte san RA a' ciallachadh gun urrainn do luchd-obrach na h-Alba gluasad air feadh na RA, agus le eòlas chinnteach aca gun gluais na peinnseanan air a bheil iad airidh, na buannachdan obrach agus an àrachas nàiseanta còmhla riutha. Mar phàirt de ath-bheothachadh làidir na RA, tha cosnadh ann an Alba air a dhol suas 175,000 bho 2010.

Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' stèidheachadh ìrean cìs cosnaidh agus bidh smachd aca air raon de chisean eile cuideachd. Fuirichidh airgead a bhios Pàrlamaid na h-Alba a' togail ann an Alba.

Gheibh Pàrlamaid na h-Alba timcheall air luach £2.5bn de chumhachdan sochair ùra. Leanaidh Riaghaltas na RA orra a' pàigheadh shochairean cion-obrach agus geallaidh iad tuarastal den ìre as lugha.





## CLUAINES.

Air chluaineas, bidh gach cuid Riaghaltasan na RA agus na h-Alba a' dèanamh an cuid fhèin gus a bhith a' coimhead às ar deidh.

Tha smachd aig Pàrlamaid na h-Alba air an NHS, cùram pearsanta, cosgaisean òrdughan-cungaidh is còmhdhail phoblach.

Agus ge 'r bith càite am bi sinn a' fuireach tha taic airson ar peinneanan gu bhith a' tighinn bho na mòran mhilleanan de luchd-pàighidh chisean san RA.

## AGUS MU DHEIREADH...

Bidh beatha a' toirt atharrachadh agus tha Alba ag atharrachadh cuideachd.

Tha cumhachdan ùra a' tighinn a nì Taigh an Ròid mar aon de na pàrlamaidean fèin-riaghlaidh as cumhachdaiche san t-saoghal.

Ach mar phàirt de theaghlach dhùthchannan na RA, tha Alba na pàirt de nì nas motha cuideachd.

Pàrlamaid nas làidire. Àm ri teachd aonaichte. Air a togail gu bhith seasmhach.





# NA THA TIOMNAICHTE AGUS NA THA GLÈIDHTE.

Tha Pàrlamaid fèin-riaghlaidh mu-thràth aig ALBA le cumhachdan air nithean a bheir buaidh air ar beatha làitheil, leithid slàinte, foghlam, agus na seirbheisean èiginneach.

Bidh na cumhachdan ùra a bhios aig Pàrlamaid na h-Alba a' ciallachadh gum bi e mar aon de na pàrlamaidean fèin-riaghlaidh as cumhachdaiche san t-saoghal.

Cho luath 's a bhios na h-atharrachaidhean sin dèante bidh dleastanasan Pàrlamaid na h-Alba a' toirt a-steach:

- SLÀINTE
- FOGHLAM
- POILEAS, CÙIRTEAN IS PRÌOSANAN
- CÒMHDAIDH PHOBLACH
- ÀRAINNEACHD
- A' STÈIDHEACHADH ÌREAN CÌS COSNAIDH
- RIAGHALTAS IONADAIL
- TAGHAIDHEAN THAIGH AN RÒID
- PRÒGRAMAN TAIC COSNAIDH
- RAON FARSAING DE SHOCHAIREAN
- LEASACHADH EACONOMACH IS TAIC GNÌOMHACHAIS
- TAIGHEADAS IS DEALBHADH
- SPÒRS IS NA H-EALAIN
- ÀITEACHAS, COILLTEARACHD IS IASGACH
- OBAIR SHÒISEALTA

Bidh dleastanas fhathast air Pàrlamaid na RA airson raointean às am bi Alba a' faighinn buannachd tro mhodh-obrach thairis air an RA. Nam measg tha:

- POILEASaidh CÈIN
- DÌON
- TÈARAINTEACHD NÀISEANTA
- POILEASaidh MION-EACONOMACH
- POILEASaidh IONMHAS
- AIRGEAD
- PEINNSEANAN
- SOCHAIREAN CION-OBRACH
- SOCHAIR CHLOINNE
- LÙTH
- IN-IMRICH IS NÀISEANTACHD
- LEASACHADH EADAR-NÀISEANTA





# AN T-ÀM RI TEACHD AONAICHTE AGAINN. AIR A TOGAIL GU BHITH SEASMHACH.

Is e tòiseachadh ùr a tha seo dha Alba,  
le cumhachdan ùra. Faigh tuilleadh  
a-mach no cuir do cheistean air  
[www.OurUnitedFuture.tumblr.com](http://www.OurUnitedFuture.tumblr.com)

No cuir do bheachd air Facebook  
no air Tuitear a' cleachdadh  
#ArnÀmRiTeachdAonaichte (#OurUnitedFuture)



HM Government